


# SÌOS AM PANA

le Teresa Breslin



Bha pana an toidhleat na shuidhe cho stobach ann an sin, dìreach mar a dheigheadh tu a-steach air doras na sgoile.

Pana mòr labhatoraidh. Ri taobh a' phris ghlainne far an robh na cuachan airgid agus sgiathan gleansach nan duaisean. Còmhnard mu choinneimh doras ceannard na sgoile.

Chunnaic mi e cho luath 's a nochd mi san doras; agus is math a bha fios agam gun deigheadh a' choire a chur air a' chlas againne.

Ach *cha b' e* sinne bu choireach ris an seo. 'S dòcha ann an dòigh gur sinn a smaoinich air. Ach *cha* bu sinn bu chòir trod fhaighinn airson gun do chuir cuideigin an rud ann an siud far an tuislicheadh an ceannard air. Agus sin air an latha a bha luchd-sgrùdaidh nan sgoiltean a' tighinn. Cha bu sinn bu choireach ris an sin idir. Sin aon rud cinnteach. 'S ann bu chòir a' choire a chur air an tidsear againn. Mgr Mac a' Choisich an t-ainm a th' air, agus tha e cho faoin ris na faoileagan.

Mus d' fhuair mi air siolpadh timcheall a' chòrnair, dh'fhosgail doras a' cheannaird agus thàinig i a-mach na cabhaig. Bha tiùrr mòr phàipearan aice; bha i a' feuchainn ri rudeigin a

sgrìobhadh air an duilleig a bh' air uachdar; agus bha i a' bruidhinn air a' fòn-làimhe aig an aon àm. Chan fhaca i am pana. Leis a h-uile urram, nam biodh tu nad cheannard, cha bhiodh dùil sam bith agad ris an leithid siud a bhith air taobh a-muigh do dhorais a' chiad char madainn Diluain.

Bha faram mòr uabhasach ann agus an ath rud bha an ceannard air an lär agus am pàipear a' cabhadh timcheall oirre.

Ghlac mise a' fòn-làimh aice. Bha mi moiteil às an sin oir chan àbhaist mo shùil agus mo làmhan co-obrachadh ro mhath.

Ach feuch riut an tug i taing dhomh!

'S i nach tug.

“Seumas MacBheatha!” Leig i an sgreuch sin aiste agus i na sìneadh ris a' phana. “Nach iongantach gur tusa no do chuideachd a tha an-còmhnaidh mun cuairt nuair a thèid rud ceàrr san sgoil seo?”

Tha sia bliadhna sa bhun-sgoil air ionnsachadh dhomh gu bheil e nas fheàrr gun ceistean mar sin a fhreagairt. Cha tuirt mi falal.

Shìn i mach a làmh agus spìon i a' fòn bhuaum. Falal molaidh cha d' fhuair mi airson a sàbhaladh gun a dhol na bloighean air an lär.

“An dùil a bheil beachd sam bith agadsa dè tha fàgail toidhleat aig doras na h-oifis agamsa?” dh'èigh i.

Dh'fheumainn seo a fhreagairt. “Uill, tha, ’s dòcha gu bheil.”

Dihaoine a chaidh rinn Mgr Mac a’ Choisich leasan air Eacarsaich Eanchainn còmhla rinn gus ar brosnachadh gu smaoineachadh air rud intinneach air choreigin airson Iomairt Carthannais a’ chlas againn.

A h-uile bliadhna, nuair a bhios Clas a Seachd a’ dèanamh Pròiseact Gnothaich, bidh aig Clas a Sia ri cùis carthannais a thaghadh agus ri dòigh a lorg gus airgead a thogail airson a’ phròiseact. Bha trioblaid aig gach clas tighinn gu co-dhùnadadh mu phròiseact.

Thuirt Fraochag a bhios na suidhe rim thaobh, “Dè mu dheidhinn Urras Sàmhchair?”

“Sguir dham bhuaireadh!” Rinn Mgr Mac a’ Choisich seòrsa de ghàire cam. “Phàighinn-sa airgead mi fhìn, agus gu leòr dheth, nam biodh am prasgan agaibh sàmhach airson beagan uairean a thìde, ach feumaidh sinn na rudan a tha daoine sgìth dhiubh a sheachnadh.”

“Urras Litreachaidh?” arsa Ben.

“Sgìth dhen sin cuideachd,” arsa Mgr Mac a’ Choisich, is e a’ dèanamh meuran mòra. “Seachd sgìth dheth.”

“Urras Suidhe gun Charachadh?” arsa Sailidh.

“Seachd searbh sgìth dhen sin!” arsa Mgr Mac a’ Choisich, agus e a’ leigeil air gun robh srann aige.

“Urras Cadal aig Caraíd?” arsa Màrtainn.

“Tha sin buileach truagh!” Thog Mgr Mac a’ Choisich a dhà làimh. “Chan eil mi ag iarraidh am facal *urras* a chluinntinn tuilleadh. Nach smaoinich sibh air Cùis Carthannais an toiseach? Dèanaibh ur n-inntinnean an àirde carson a tha sibh ag iarraidh airgead a thogail. ’S dòcha an uair sin gum bi e nas phasa dhuibh obrachadh a-mach ciamar a thèid sibh timcheall air.” Thug e sùil air uaireadair. “Trì mionaidean gu leth mus cluinn sinn an clag. A bheil sibh ag iarraidh a bhith an seo fad na deireadh-sheachdain? Mura bheil, smaoinichibh air Cùis Carthannais air choreigin. Agus gluaisibh!”

Sin nuair a thàinig rud a bha mi air a leughadh air an eadar-lòn a-steach orm. Bha sinn air a bhith a’ rannsachadh mu uisge. Tha gu leòr dheth ann an Alba seach gu bheil sinn a’ faighinn uisge gu leòr agus tha sin a’ lìonadh aibhnichean, lochan is damaichean. Ach tha dùthchannan ann agus cha mhòr uisge a tha iad a’ faighinn.

Agus chan eil e furasta an tuisge a tha aca a lorg a bharrachd. Feumaidh daoine tobraichean a chladhach agus coiseachd dhachaigh fad uaireannan a thìde, a’ giùlan an uisge ann an poitean agus ann an siugannan. Bha mise air a bhith ùintean air an eadar-lòn agus thàinig mi tarsainn air sgoil ann an Afraga a bh’ air tobar a lorg faisg air làimh dhaibh; ach cha robh airgead gu leòr aca gus toidhleat a thogail dhaibh fhèin.

Suas mo làmh. “Toidhleat,” arsa mise.



Chrath Mgr Mac a' Choisich a cheann. “Chan fhaod, a Sheumais, mura bheil an fhìor chabhadh ort; chan fhaod thu a dhol dhan toidhleat an-dràsta!”

“Chan e mise!” arsa mis’. “Chan eil mise ag iarraidh a dhol dhan toidhleat idir. Ach tha sgoil ann an Afraga a tha feumach air toidhleat!”

Agus mhìnich mi dha mun sgoil aig nach robh toidhleat.

“Aidh, aidh!” arsa Fraochag, is i a’ cumail a sròine. “Smaoinich air an sin!”

“B’ fheàrr leam gun!” arsa Sailidh.

“Nach fhaodadh sinn airgead a chruinneachadh gus toidhleat a thogail dhaibh?” arsa mi fhìn.

“Suas ur làmh ma tha sibh ag aontachadh ri beachd Sheumais,” arsa Mgr Mac a' Choisich.

Le 30 diogan ri dhol ron chlag, chaidh a h-uile làmh suas.

“Fìor mhath!” Chuir Mgr Mac a' Choisich a làmh fhèin suas cuideachd. “Sin agaibh e. Cha bhi an còrr mu dheidhinn. Gheibh an sgoil sin ann an Afraga toidhleat. An ath sheachdain bruidhnidh sinn air an dòigh as fheàrr gus airgead a thogail.” Stad e, agus thàinig seòrsa de sholas na shùil. “Tha caraid agamsa a tha na phlumair. Cha chreid mi nach tèid mi a chèilidh air a-màireach. ’S dòcha gum faigh mi rudeigin a chuidicheas Clas a Sia len Iomairt Carthannais, agus mo ghealladh dhuibh gun glac e aire dhaoine!” Rinn e gàire mòr rium. “’S math a

rinn thu, a Sheumais! Rionnag òir dhuts', a bhalaich, airson siud!"

Thug mise fad shia bliadhna sa bhun-sgoil agus cha d' fhuair mi riamh rionnag òir. Bha mi a' seòladh sna sgòthan fad na deireadh-sheachdain.

\*\*\*

Cha robh mi a' faireachdainn cho mìorbhaileach aig a' mhionaid seo agus sùil gheur a' cheannaird orm bhon toidhleat mhòr gheal ud air an robh i a-nis na suidhe.

"Tha mi a' feitheamh, a Sheumais," ars ise. "Nach innis thu dhòmhsha carson a tha toidhleat ... " Stad i, is i a' coimhead seachad orm chun an dorais, agus chaidh i air a casan. "Tha an luchd-sgrùdaidh a-muigh an sin," ars ise fo a h-anail. "Cumaidh mise iad a' còmhradh. Faigh thusa an dorsair agus thoiribh an rud sin a-mach à seo. Agus gluais!"

Sin a dh'fhàg mi fhìn agus an dorsair a' slaodadh pana mòr labhatoraidh sìos an trannsa gu rùm a' chlas againn.

Bha h-uile duine air Clas a Seachd nan sleath aig an doras aca fhèin a' feitheamh ris an tidsear agus b' fheudar dhuinn coiseachd seachad orra. Aig an dearbh mhòmaid ud, bheirinn mo rionnag òir seachad nan gabhadh e dhomh an cuid caib mì-mhodhail a sheachnad.

"Hoigh! Seallaibh Mac a' Bheatha a' tighinn leis an taigh-bheag!"

“Ciamar a tha dol dhut? An robh thu fhèin ann  
fhathast?”

“Carson nach do dh’ionnsaich thu sin a  
chleachdadadh mus tāníg tu dhan sgoil?”

Agus iomadach facial geur eile.

Bha a’ chuid mhòr dhen chlas agamsa mu thràth  
san rùm agus nan suidhe. Thog Mgr Mac a’  
Choisich a cheann nuair a nochd mi fhìn agus an  
dorsair agus sinn a’ slaodadh a’ phana.

“Na tigibh a-steach an seo leis an toidhleat sin  
idir!” ars esan, is e ag èirigh às an t-sèithear. “Tha sin  
cudromach dhan Iomairt Carthannais aig Clas a Sia.  
Feumaidh e a bhith dìreach san trannsa aig doras na  
sgoile gus am bi buaidh mhòr aige.”

“Tha sin air a bhith aige mu thràth!” ars an  
dorsair. “Faodaidh tu sin a chreids’!”

Dh’innis e mar a thàinig an ceannard a-mach às  
an oifis ann an cabhaig; mar a thuislich i air a’  
phana; agus mar a bha i na suidhe air a’ phana agus  
càr an luchd-sgrùdaidh dìreach a’ tighinn chun an  
dorais.

“Oooooo!” arsa Mgr Mac a’ Choisich. “Chan ann  
buileach mar sin a tha còir aig cùisean a bhith air  
latha dhen t-seòrsa-s’!”

“Chan ann,” ars an dorsair. “Agus tha rud eile ann  
cuideachd air am bu chòir dhuibh beachdachadh.  
Slàinte is Sàbhailteachd.”

“Tha an toidhleat sin,” arsa Mgr Mac a’ Choisich, ann an guth caran àrdanach, “talc ùr. Gun làmh duine riamh air suathadh ann.”

“No màs!” arsa cuideigin. Thòisich feedhainn a’ gàireachdainn agus a’ gigeileis.

Sguir iad gu math luath nuair a thug Mgr Mac a’ Choisich sùil chruaidh orra. Thionndaidh e an uair sin ris an dorsair agus fiamh a’ ghàire a’ tighinn air a-nis. “Fhuair mise an àirneis seo bho charaid dhomh a bhios a’ togail thaighean. Thèid mi ’n urras nach do chleachd duine e a-riamh.”

“Bu ghlice dhuibh nach cleachdadadh duine an seo e a bharrachd!” ars an dorsair, caran diombach, fo anail, agus e a’ dèanamh às.

\*\*\*

Mus tainig a’ mhadainn gu ceann, bha an ceòl air feadh na fidhle.

Nuair a nochd an clas againne san raon-chluiche, thòisich an crac. Cha robh facal fanaid air an t-saoghal mu thoidhleat nach cuala sinn.

B’ e Clas a Seachd bu mhiosa. “B’ fheàrr leinn gun bheachd idir a bhith againn airson Pròiseact Iomairt na rud cho salach agus a fhuair sibhse,” dh’èigh iad. Bha iadsan a’ smaoineachadh gun robh sin miòrbhaileach èibhinn.

Agus cha b’ e fanaid a-mhàin a bh’ aca; bha tòimhseachain agus rabhdan aca cuideachd.

“An tomhais sibh càit a bheil an clas aig Mgr Mac a’ Choisich a’ dol air cuairt sgoile?”

“Romàinia?”

“Chan ann. *Pooh-Màinia!*”

“Cò sgrìobh an leabhar ‘I’ve Got To Go Now’?”

“Lydia Labhartaigh!”

Cha robh fiù an fheadhainn san rùm bheag nach robh ag obair oirnn. Thàinig dithis bho Chlas a h-Aon nan ruith suas thugam san raon-chluiche.

“Carson a stob Tigger a cheann sìos am pana?”  
dh’èigh fear dhiubh air mo bheulaibh.

Agus mus b’ urrainn dhomh falal a ràdh, dh’èigh am fear eile, “Bha e a’ coimhead airson Winnie the Pooh!”

Chaidh iad an uair sin nan lùban a’ gàireachdainn, mar a bhios clann ghòrach Clas a h-Aon a’ dèanamh, agus thug iad an casan leotha.

Nuair a thàinig e gu pleidhe a’ mheadhan-latha, shaoil mi gum biodh e na bu shàbhailte mo bhiadh a ghabhail san t-seòmar-teagaisg.

Bha a’ chuid mhòr dhen chlas dhen aon bheachd. Bha e cho duilich giùlan leis mar a bha na sgoilearan eile a’ tarraing asainn. Cò eile a nochd a-steach ach Mgr Mac a’ Choisich, le a bhucas-bìdh fhèin.

“Tha an ceannard agus an luchd-sgrùdaidh aig am biadh ann an seòmar an luchd-teagaisg,” ars esan.

“Shaoil mi gum b’ fheàrr dhomh cumail a-mach às an rathad.”

Dh’fhosgail an doras gu h-obann gu chìl. Cò bha seo, le a h-anail na h-uichd, ach Sailidh, a bh’ air a dhol dhachaigh gu a biadh. “An cuala sibh an rud a tha iad ag èigheach dhuinn?” ars ise. “Tha Clas WC!”

“S ann a tha iad ach a’ cluich air facail,” mhìnich Mgr Mac a’ Choisich. “Uaireigin ’s e *Water Closet* a bhiodh aca air toidhleat. Sin an rud dha a bheil WC a’ seasamh. Ach ’s e ‘Walker’ a’ Bheurla th’ air Mac a’ Choisich. Mar sin, ma ghabhas sibh a’ chiad dà litir de na facail Bheurla ‘Walker’s Class’, faodaidh tu an rud a ghiorrhachadh gu WC.”

Thionndaidh a h-uile sùil a bha staigh ormsa.

Cha tuirt duine smid; ach is math a bha fios agam dè bha dol tron inntinn. Mise bu choireach ris a h-uile càil a bh’ ann.

Feumaidh gun tug Mgr Mac a’ Choisich an aire dhan seo oir bhruidhinn e a-mach air mo shon. “Na cuiribh a’ choire air Seumas idir. Bhòt sibh uile airson an rud a thog e. Agus mise còmhla ribh. Mar sin dheth, seasaidh sinn còmhla. Aonan airson chàich, agus càch airson aonain.”

“Uill, ma tha sinn a’ dol a chumail an toidhleat san rùm againn, tha fear Àireamh 1 nas fheàrr na fear Àireamh 2,” arsa Màrtainn; gorach mar as àbhaist.

“Abair gu bheil sin èibhinn!” arsa mise gu searbh, air mo shocair; bha mi air m’ fheuchainn.



“Eil fhios agaibh,” arsa Mgr Mac a’ Choisich, agus gàire tighinn air, “tha sin gu math èibhinn ceart gu leòr!”

Sin nuair a thàinig gnogadh chun an dorais. ’S e Fraochag a b’ fhaisge agus dh’fhosgail i e.

Bha gille beag bho Chlas a Trì na sheasamh an sin. “An e an fhìrinn a th’ ann gu bheil toidhleat agaibh a-staigh an sin?”

“Dè do ghnothaich-sa?” arsa Fraochag.

“Am faod mi fhaicinn?”

“Cosgaidh e 10 sgillinn dhut.” arsa Fraochag.

Cha robh Fraochag ach a’ tarraing às, ach nach ann a thug an gille beag 10 sgillinn às a phòcaid agus rinn e airson a thoirt dhi. Sheall Fraochag ri Mgr Mac a’ Choisich. “Ceart,” ars esan. “Sin a’ chiad airgead againn air a thogail airson ar Cùis Carthannais.”

Ghabh Fraochag an t-airgead agus sheas i a thaobh.

Choisich an gille beag a-steach agus thug e sùil mhath air an toidhleat.

Choisich e nuair sin a-mach. An ceann beagan mhionaidean, chunnaic sinn e a-muigh san raon-chluiche. Bha a ghàirdeanan a’ dol agus e a’ smèideadh ris an rùm againne. An ath rud, bha e aig an doras a-rithist agus dhà no trì de ghillean beag’ eile na chois.

“Tha iadsan,” ars esan, “ag iarraidh fhaicinn cuideachd.”

Bha bonn 10 sgillinn aig a h-uile duine na làimh. Ghabh Ben an t-airgead agus dh'fhalbh e leotha a-null far an robh an toidhleat. Sheas iad mionaid bheag ann an sin ann an clearcall ga choimhead.

“Am faod mi mo làmh a chur air?” dh’fhaighnich fear aca.

Thug Ben sùil air. “Chan eil mi faicinn carson nach fhaod,” ars esan.

“Ach bidh sin 5 sgillinn eile,” arsa Fraochag san spot.

Mach le 5 sgillinn eile a h-uile mac aca!

Chunnaic mi na mailghean aig Mgr Mac a’ Choisich a’ dol suas. “Cha chreid mi nach eil rud math an seo,” ars esan air a shocair.

Chùm sinn co-labhairt gus co-dhùnaidhean a dhèanamh air rudan, mar ciamar a chruinnicheadh sinn an t-airgead. Thuirt Sailidh, dè mu dheidhinn mullach a chitheadh duine troimhe a chur air an toidhleat, agus iarraidh air an dorsair sliseag a ghearradh ann gus banca a dhèanamh dhan phana fhèin.

Dh'aontaich sinn uile gum biodh sin math.

“Saoilidh an fheadhainn bheaga gu bheil sin mìorbhaileach,” ars ise.

Rug Mgr Mac a’ Choisich air a sheacaid. “Tha tìde agam turas sgiobalta a dhèanamh gu bùth a’ phlumair mus bi am pleidhe seachad.”

Am feasgar sin fhèin bha mullach air an toidhleat againn, le sliseag chumhang de dh'fhosgladh ann airson an t-airgead a chur ann. Chitheadh tu tron a' mhullach furasta gu leòr. Thog sinn an uair sin seòrsa de staran a' dol suas thuige agus chòmhdaich sinn sin le aodach dearg. Fhuair Fraochag agus Ben dealbhan den sgoil ann an Afraga air an eadar-lòn. Phriont iad na dealbhan agus chuir iad an-àirde iad mar thaisbeanadh air a' bhalla gus sealltainn càit' an robh an t-airgead a' dol.

Chùm sinn Comhairle Clas gus plana gnothaich obrachadh a-mach. Bheachdaich sinn gum faodadh gum pàigheadh an fheadhainn bheaga airson sùil a thoirt air toidhleat ach gur dòcha nach biodh an fheadhainn bu shine cho deònach. Mar sin bha feum air rudeigin a bhrosnaicheadh iadsan gus airgead a thoirt seachad.

Chuimhnich mi mar a bha Mgr Mac a' Choisich a' gàireachdann nuair a thuirt Màrtainn rudeigin gòrach.

“S dòcha gum faodadh sinn rudan èibhinn agus gòrach mu thaighean-beaga a chruinneachadh,” arsa mise, “agus rudeigin a dhèanamh leotha.”

Rinn sinn duilleagan de rudan èibhinn a reiceadh sinn. Dh'iarr Mgr Mac a' Choisich cothrom a h-uile gin a sgrùdadhbh agus sgud e às gin sam bith a shaoil e a bha ro mhì-mhodhail. Cha robh e ag iarraidh gin a bha ro fhliuch a bharrachd, ars esan!

Rinn sinn an-àirde faidhle fiosrachaидh mu thoidhleatan, le rudan beaga inntinneach, mar an liuthad seòrsa ainm a bhios daoine a' cleachdad air an son – fir; mnathan; taigh-beag; goireasan; priobhaидh; lù; agus mar sin air adhart.

Rinn sinn tòrr rannsachaидh mu sgudal is òtrachas. An robh fios agaibh gum faod duine a dhol cuairt air na sàibhearan ann am Paris?

Chuidich a h-uile càil a bha seo sinn leis a' phròiseact a bha sinn a' dèanamh mun àrainneachd. Tha dùil agam fhìn a bhith gu math faiceallach bho leugh mi mun seo. Bidh fios agaibh cho feumail agus a tha na bioran beaga cotain a tha siud airson meur-chlàr a' choimpiutair a għlanadh agus glaodh a chur air modailean; ach tha iad nan uabhas eagalach ma tha diù agad do thruailleadh na h-àrainneachd.

\*\*\*

Ach 's e an rud a b' fheàrr idir mar a fhuair sinn air toirt air Clas a Seachd airgead a chur ris a' Chùis Charthannais againn. Cha robh iadsan fhathast air smaoineachadh air càil ùrail mar Phròiseact Gnothaich. Bha cuideam ga chur orra agus an luchd-sgrùdaidh a' dol a thadhal orra an ath sheachdain. Air Dimàirt thàinig A' Bh-Uas Bacstair, an tidsear aca, gar faicinn.

Bha Clas a Seachd an dùil bancaichean beaga sàbhalaидh a dhèanamh ann an cruth pana labhatoraidh, le fosgladh san t-seat gus airgead a

chur ann agus fosgladh sa bhonn gus fhaighinn às.  
Bhiodh iad gan dèanamh agus gan reic mar  
Phròiseact Gnothaich.

Thuirt Mgr Mac a' Choisich gum feumadh iad  
sinne a phàigheadh seach gur sinn a smaoinich air  
an rud bho thùs.

“Seumas gu h-àraidh,” ars esan agus e a’ priobadh  
ormsa.

Dh’fhalbh A’ Bh-Uas Bacstair agus thàinig buill de  
Chomataidh Pròiseact Gnothaich Clas a Seachd a  
chòmhradh rinn. Thairg iad deich notaichean  
dhuinn.

Chùm sinn Coinneamh Clas gus beachdachadh  
air an tairgse seo.

“Dè ma reiceas iad 50 millean dha na bancaichean  
ud?” arsa Màrtainn.

“*De* na bancaichean ud,” arsa Mgr Mac a’ Choisich  
ga cheartachadh. “Dè tha thu a’ feuchainn ri ràdh?”

“Bu chòir dhuinne roinn fhaighinn dhen sin,”  
arsa Màrtainn.

“Saoilidh mi gum faigh thu a-mach gur e tha sin  
ach aonta ceadachaidh le earrann den phrothaid na  
chois,” arsa Mgr Mac a’ Choisich.

“Chan e, ach roinn,” arsa Ben. “Agus mura pàigh  
iad e, cha bhi sinn fada a’ sealltainn dhaibh cò tha  
ceart.”

“Chanann mar sin a tha gnìomhachas ag obair  
idir,” arsa Mgr Mac a’ Choisich gu sgiobalta. “’S ann

tro rèiteachadh a nì duine adhartas le suidheachadh mar seo.”

“Bu chòir Malairt Chothromach a bhith ann,” arsa Fraochag an uair sin.

“Bu chòir; tha sin ceart,” arsa Mgr Mac a’ Choisich. “Feumaidh iadsan prothaid a dhèanamh cuideachd. Obraichibh fhèin a-mach e. Is ann bhon phrothaid acasan a thig prothaid thugainne. Mura leig sinne leothasan airgead a dhèanamh, cha dèan iad gu leòr gus sinne a phàigheadh.”

Mar sin, cha do chuir sinn prìs ro chruaidh orra. Airson a h-uile banca a dhèanadh iad, dh’fheumadh iad fichead sgillinn a chur ris a’ Mhaoin Toidhleat againne. Chuir sinn mun coinneimh gum feumadh cothrom sgrùdaidh a bhith againne gus dearbhadh gun robh iad a’ cleachdadh stuthan a ghabhadh ath-chuairteachadh; agus gum biodh còirichean obrachaидh iomchaidh aig an luchd-obrach.

“Tha e mar uallach òirnne dèanamh cinnteach nach eil iad a’ gabhail brath air an luchd-obrach,” arsa Mgr Mac a’ Choisich.

“S ann a thathar a’ gabhail brath ormsa,” chuala cuideigin A’ Bh-Uas Bacstair ag ràdh. “Cha d’ fhuair mi mionaid gus cupan teatha a ghabhail bho thòisich am pròiseact seo!”

\*\*\*



Thàinig Aithisg Luchd-sgrùdaidh nan Sgoiltean.

Leugh an Ceannard i dhan sgoil agus a h-uile duine cruinn còmhla aig coinneamh mhaidne.

“Tha rudan innleachdach agus inntinneach a’ tachairt san sgoil seo,” leugh i.

Agus, mìorbhail nam mìorbhail, rinn i gàire beag bàidheil ris a’ chlas againne!

Tha sinn fhathast a’ dol fon ainm Clas WC.

Ach chan eil dragh againn.

An t-seachdain a chaith, thàinig dealbhan agus podcast thugainn air post-dealain à Afraga. Chitheadh tu a’ chlann ann an sleath a’ feitheamh gus a dhol dhan toidhleat ùr. Bha iad air soidhne mòr a dhèanamh le ‘Tapadh leibh, Clas a Sia’ sgrìobhte air. Bha iad a’ smèideadh len gàirdeanan agus ag èigheachd agus a’ gàireachdainn rinn.

Phriont Mgr Mac a’ Choisich aon de na deilbh agus rinn sinn báidsichean agus steigearan dheth. Tha a h-uile duine ag iarraidh fear dhiubh.

Cheannaich an ceannard fhèin fear aca bhuainn air còig notaichean.

Mar dhuais thug Mgr Mac a’ Choisich a h-uile duine againn a-mach airson reòiteag a thoirt dhuinn agus bha an latha cho math agus gun tug e sinn dhan phàirc ga h-ithe.

“Anns a’ cheàrnaidh ud de dh’Afraga,” dh’innis e dhuinn “faodaidh an teas a dhol seachad air 40 celsius.” Mar sin feumaidh cuid de na sgoilearan

coiseachd grunn mhìltean chun na sgoile. Mun àm a ruigeas iad, bidh iad cho teth agus nach urrainn iad an obair a dhèanamh.

Tha iad feumach air frasadair.

Thuirt Mgr Mac a' Choisich gu bheil e a' dol a dh'fhaighinn facal air a charaid, am plumair, aig an deireadh-sheachdain.

Tha mi dìreach an dòchas gum bi an ceannard againne a' coimhead cait a bheil i a' dol nuair a bheir i ceum a-mach às an oifis aice madainn Diluain!

